




Alexander Graham Bell



Tràth-bheatha

Rugadh Alexander Graham Bell ann an Dùn Èideann air 3 Màrt, 1847. 'S e **eòlaichean** a bha na athair, na uncail agus na sheanair air mar a bhios guth agus fuaimean-cainnt ag obrachadh. 'S e cluicheadair-piàna tàlantach a bha na mhàthair ged a dh'fhàs i **bodhar**. Fhuair e **oideachadh** aig an taigh bho a phàrantan gus an do thòisich e aig an Àrd-sgoil Rìoghail ann an Dùn Èideann aig aois 11. Ged a bha e dèidheil air saidheans, cha do chòrd an sgoil ris agus dh'fhàg e nuair a bha e 15.

Chaidh e gu Oilthigh Lunnainn gus **corp-eòlas** agus **beò-eòlas** ionnsachadh, ach cha do chuir e crìoch air a' chùrsa aige oir rinn e eilthireachd còmhla ri a phàrantan gu Quebec, Canada ann an 1870 às dèidh bàs a dhithis bhràithrean leis **a' chaitheamh**. Ghluais e an uair sin gu Boston, Massachusetts far an robh e na thidsear aig Sgoil nam Bodhar, Boston.



Am fòn

Bha ùidh aig Bell ann an saidheans **co-cheangailte** ri cainnt agus mar a nì daoine fuaimean. Bha e ag obair còmhla ri athair a' teagasg clann a bha bodhar agus balbh, agus ann an 1872, stèidhich e sgoil do dhaoine bodhar.

Aig an àm sin, bhiodh daoine a' cur teachdaireachdan le telegraf far am biodh daoine ag atharrachadh fhaclan gu còd agus a' cur a' chòd sin sìos uèir. 'S e Còd Morse a bh' air a' chòd sin. Aig ceann eile a' uèir seo, bhiodh iad ag atharrachadh a' chòd air ais gu faclan agus gheibheadh daoine na teachdaireachdan. Ach cha ghabhadh ach aon teachdaireachd a chur aig an aon àm agus mar sin bha e gu math slaodach. Dh'iarr luchd-gnìomhachais air Bell dòigh a lorg far am biodh e comasach barrachd teachdaireachdan a chur aig an aon àm, ach bha ùidh aig Bell a ghuth fhèin a chur sìos a' uèir.

Thog e fhèin agus an neach-cuideachaidh aige, Thomas Watson, a bha na dhealanair, a' chiad fòn. Agus air 10 Màrt 1876, chaidh a' chiad fhaclan air uèir-fòn a ràdh le Bell - na faclan a tha a-nis ainmeil, "*Mr Watson, come here, I want to see you.*"



Companaidh Fòn Bell

Thòisich Bell a' sealltainn a' fòn do luchd-saidheans agus dhan phoball aig diofar thachartasan air feadh Ameireaga agus, ann an 1877, thòisich e a' chompanaidh aige fhèin, Companaidh Fòn Bell. Bha e air leth soirbheachail agus, an ceann 10 bliadhna, bha fòn aig 150,000 duine ann an Ameireaga.

Bàs

Bhàsaich e na dhachaigh, ann an Alba Nuadh, Canada air 2 Lùnastal 1922. Às dèidh an tiodhlacadh aige, chaidh an siostam fòn ann an Ameireaga a Tuath a dhùnadh airson mionaid airson spèis a shealltainn dha.



Ceistean



Ceistean Tuigse

1. Dè an obair a bh' aig uncail, athair agus seanair Bell?
2. Càit an d' fhuair e foghlam?
3. Carson nach do chuir e crìoch air a' chùrsa aige aig Oilthigh Lunnainn?
4. Cùin a stèidhich e an sgoil do dhaoine bodhar?
5. Ciamar a bha an telegraf ag obrachadh?
6. Carson a bha daoine ag iarraidh an siostam telegraf a leasachadh?
7. Dè a' chiad fhaclan a chaidh a ràdh air fòn agus cò thuirt iad?
8. Cuin a thòisich Bell a' chompanaidh aige?
9. Dè an aois a bha e nuair a bhàsaich e?
10. Dè thachair às dèidh an tiodhlacaidh aige airson spèis a shealltainn dha?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil carson a fhuair Bell oidheachadh aig an taigh bho a phàrantan an àite anns an sgoil?
2. Saoil carson nach do chòrd an sgoil ris?
3. Saoil carson a bha ùidh aige ann an saidheans co-cheangailte ri cainnt?
4. Saoil carson a bha a' chompanaidh aige, Companaidh Fòn Bell, cho soirbheachail?
5. Saoil ciamar a bhiodh daoine a' smaoineachadh agus a' faireachdainn nuair a chunnaic iad am fòn ag obrachadh airson a' chiad uair? A bheil thu fhèin air dad ùr fhaicinn a thug ort faireachdainn mar sin?
6. Saoil ciamar a bhiodh beatha dhaoine diofraichte às aonais a' fòn?






Alexander Graham Bell



Tràth-bheatha

Rugadh Alexander Graham Bell ann an Dùn Èideann air 3 Màrt, 1847. 'S e **eòlaichean** a bha na athair, na uncail agus na sheanair air mar a bhios guth agus fuaimean-cainnt ag obrachadh. 'S e cluicheadair-piàna tàlantach a bha na mhàthair ged a dh'fhàs i **bodhar**. Fhuair e **foghlam** aig an taigh bho a phàrantan gus an do thòisich e aig an Àrd-sgoil Rìoghail ann an Dùn Èideann aig aois 11. Cha do chòrd an sgoil ris agus dh'fhàg e nuair a bha e 15.



Chaidh e gu Oilthigh Lunnainn, ach cha do chuir e crìoch air a' chùrsa aige oir **ghluais** e còmhla ri a phàrantan gu Quebec, Canada ann an 1870 às dèidh bàs a dhithis bhràithrean. Ghluais e an uair sin gu Boston, far an robh e na thidsear aig Sgoil nam Bodhar, Boston.

Am fòn

Bha ùidh aig Bell ann an saidheans **co-cheangailte** ri cainnt agus mar a nì daoine fuaimean. Bha e ag obair còmhla ri athair a' teagasg clann a bha bodhar agus **balbh**, agus ann an 1872, thòisich e sgoil do dhaoine bodhar.

Aig an àm sin, bhiodh daoine a' cur

theachdaireachdan le **telegraf** far am biodh daoine ag atharrachadh fhaclan gu còd agus a' cur a' chòd sin sìos **uèir**. 'S e Còd Morse a bh' air. Aig ceann eile a' uèir seo, bhiodh iad ag atharrachadh a' chòd air ais gu faclan agus gheibheadh daoine na teachdaireachdan. Ach cha ghabhadh ach aon teachdaireachd a chur aig an aon àm agus mar sin bha e gu math slaodach. Chaidh iarraidh air Bell dòigh a lorg far am biodh e comasach barrachd theachdaireachdan a chur aig an aon àm, ach bha ùidh aig Bell a ghuth fhèin a chur sìos a' uèir.



Thog e fhèin agus an neach-cuideachaidh aige, Thomas Watson, a bha na **dhealanair**, a' chiad fòn. Agus air 10 Màrt 1876, chaidh a' chiad fhaclan air uèir-fòn a ràdh le Bell - na faclan a tha a-nis ainmeil, "*Mr Watson, come here, I want to see you.*"

Companaidh Fòn Bell

Thòisich Bell a' sealltainn a' fòn do dhaoine aig diofar thachartasan air feadh Ameireaga agus, ann an 1877, thòisich e a' chompanaidh aige fhèin, Companaidh Fòn Bell. Bha e air leth soirbheachail.

Bàs

Bhàsaich e na dhachaigh, ann an Alba Nuadh, Canada air 2 Lùnastal 1922.



Ceistean



Ceistean Tuigse

1. Dè an obair a bh' aig uncail, athair agus seanair Bell?
2. Càit an d'fhuair e foghlam?
3. Carson nach do chuir e crìoch air a' chùrsa aige aig Oilthigh Lunnainn?
4. Cùin a thòisich e an sgoil do dhaoine bodhar?
5. Mus robh am fòn ann, ciamar a bhiodh daoine a' cur theachdaireachdan?
6. Carson a bha daoine ag iarraidh an siostam telegraf a leasachadh?
7. Dè an t-ainm a bh' air an neach-cuideachaidh aig Bell?
8. Dè na ciad fhaclan a chaidh a ràdh air fòn agus cò thuirt iad?
9. Cuin a thòisich Bell a' chompanaidh aige?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich e?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil carson a fhuair Bell oidheachadh aig an taigh bho a phàrantan an àite anns an sgoil?
2. Saoil carson nach do chòrd an sgoil ris?
3. Saoil carson a bha ùidh aige ann an saidheans co-cheangailte ri cainnt?
4. Saoil carson a bha a' chompanaidh aige, Companaidh Fòn Bell, cho soirbheachail?
5. Saoil ciamar a bhiodh daoine a' smaoineachadh agus a' faireachdainn nuair a chunnaic iad am fòn ag obrachadh airson a' chiad uair? A bheil thu fhèin air dad ùr fhaicinn a thug ort faireachdainn mar sin?
6. Saoil ciamar a bhiodh beatha dhaoine diofraichte às aonais a' fòn?






Alexander Graham Bell



Tràth-bheatha

Rugadh Alexander Graham Bell ann an Dùn Èideann air 3 Màrt, 1847. 'S e **eòlaichean** a bha na athair, na uncail agus na sheanair air mar a bhios guth agus **fuaimean-cainnt** ag obrachadh. 'S e cluicheadair-piàna a bha na mhàthair ged a dh'fhàs i **bodhar**. Cha deach e dhan sgoil gus an robh e 11. Ron a sin 's e a phàrantan a bha ga theagasg. Cha do chòrd an sgoil ris agus dh'fhàg e nuair a bha e 15.

Chaidh e gu Oilthigh Lunnainn, ach cha do chuir e crìoch air a' chùrsa aige oir **ghluais** e, còmhla ri a phàrantan gu Quebec, Canada ann an 1870. Ghluais e an uair sin gu Boston, far an robh e na thidsear airson nam bodhar.



Am fòn

Bha ùidh aig Bell ann an saidheans mu dheidhinn **cainnt** agus mar a nì daoine fuaimean. Bha e ag obair còmhla ri athair a' teagasg clann a bha bodhar agus **balbh**, agus ann an 1872, thòisich e sgoil do dhaoine bodhar.

Aig an àm sin, bhiodh daoine a' cur **theachdaireachdan** le **telegraf** far am biodh daoine ag atharrachadh fhaclan gu còd agus a' cur a' chòd sin sìos **uèir**. 'S e Còd Morse a bh' air. Ach cha ghabhadh ach aon

teachdaireachd a chur aig an aon àm agus mar sin bha e gu math slaodach. Chaidh iarraidh air Bell dòigh a lorg far am biodh e comasach tòrr theachdaireachdan a chur aig an aon àm, ach bha Bell ag iarraidh a ghuth fhèin a chur sìos a' uèir.

Thog e fhèin agus an neach-cuideachaidh aige, Thomas Watson, a' chiad fòn. Agus air 10 Màrt 1876, thuirt Bell a' chiad fhaclan a-riamh air fòn, "Mr Watson, come here, I want to see you."



Companaidh Fòn Bell

Thòisich Bell a' sealltainn a' fòn do dhaoine aig diofar thachartasan air feadh Ameireaga agus, ann an 1877, thòisich e a' chompanaidh aige fhèin, Companaidh Fòn Bell. Bha e air leth **soirbheachail**.

Bàs

Bhàsaich e na dhachaigh, ann an Alba Nuadh, Canada air 2 Lùnastal 1922.



Ceistean



Ceistean Tuigse

1. Cuin agus càit an do rugadh Aleaxander Graham Bell?
2. Cuin a chaidh e dhan sgoil?
3. Carson nach do chuir e crìoch air a' chùrsa aige aig Oilthigh Lunnainn?
4. Cùin a thòisich e an sgoil do dhaoine bodhar?
5. Mus robh am fòn ann, ciamar a bhiodh daoine a' cur theachdaireachdan?
6. Carson a bha daoine ag iarraidh an siostam telegraf a dhèanamh na b' fheàrr?
7. Dè an t-ainm a bh' air an neach-cuideachaidh aig Bell?
8. Dè a' chiad fhaclan a chaidh a ràdh air fòn agus cò thuirt iad?
9. Cuin a thòisich Bell a' chompanaidh aige?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich e?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil carson a fhuair Bell oidheachadh aig an taigh bho a phàrantan an àite anns an sgoil?
2. Saoil carson nach do chòrd an sgoil ris?
3. Saoil carson a bha ùidh aige ann an saidheans mu dheidhinn cainnt?
4. Saoil carson a bha a' chompanaidh aige, Companaidh Fòn Bell, cho soirbheachail?
5. Saoil ciamar a bhiodh daoine a' smaoineachadh agus a' faireachdainn nuair a chunnaic iad am fòn ag obrachadh airson a' chiad uair? A bheil thu fhèin air dad ùr fhaicinn a thug ort faireachdainn mar sin?
6. Saoil ciamar a bhiodh beatha dhaoine diofraichte às aonais a' fòn?

